

Tuairisgeul Obrach



Dreuchd:	Manaidsear Phròiseactan (Com-pàirteachaidh Coimhearsnachd)
Tuarastal:	B3: FTE £45,894 - £54,952 (pro-rata)
Àite:	Ri aontachadh
Uairean obrach:	28 uair a thìde san t-seachdain (4 latha)
Air a stiùireadh le:	Stiùiriche Leasachaidh
Cùmhnant:	Maireannach

Bòrd na Gàidhlig

'S e Buidheann Phoblach Neo-roinneil Ghnìomhach a th' ann am Bòrd na Gàidhlig a chaidh a stèidheachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Is e a' phrìomh bhuidheann ann an Alba a tha an urra ri leasachadh na Gàidhlig, a' gabhail a-steach a bhith a' toirt comhairle do Mhinistearan na h-Alba air cùisean Gàidhlig.

Tha Bòrd na Gàidhlig ag obair gus Gàidhlig a bhrosnachadh ann an com-pàirteachas le Riaghaltas na h-Alba, Ùghdarrasan Ionadail, Buidhnean Poblach, buidhnean com-pàirteachais, agus coimhearsnachdan.

Tha Bòrd na Gàidhlig airson a raon-ùghdarras a choileanadh tro bhith a' libhrigeadh a Phlana Chorporra, a bharrachd air a bhith a' cur ri libhrigeadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

Adhbhar na dreuchd

A bhith a' com-pàirteachadh agus a' toirt taic do choimhearsnachdan leis an obair a tha iad a' dèanamh gus libhrigeadh mu choinneamh nan raointean prìomhachais ann am Plana Corporra Bòrd na Gàidhlig. Bidh seo a' gabhail a-steach com-pàirteachadh coimhearsnachd agus conaltradh le luchd-ùidh ionadail agus nàiseanta. Bidh stiùireadh agus measadh èifeachdach air pròiseas nam planaichean coimhearsnachd ionadail na phrìomh eileamaid den dreuchd seo.

Prìomh thaobhan den dreuchd seo

1. A' stiùireadh agus a' cumail taic ri cruthachadh phlanaichean Gàidhlig coimhearsnachd ionadail.
2. A' cruthachadh agus a' stiùireadh co-obrachadh ro-innleachdail le com-pàirtichean bhon taobh a-muigh gus cur ri soirbheas ann an leasachadh Gàidhlig air a stiùireadh leis a' choimhearsnachd.
3. A' cruthachadh agus a' stiùireadh siostam measaidh do Bhòrd na Gàidhlig airson leasachadh air a stiùireadh leis a' choimhearsnachd.

Dleastanasan Sònraichte

Chithear geàrr-chunntas gu h-ìosal dè na dleastanasan a dh'fhaodadh a bhith agaibh san dreuchd seo. Thathar an dùil gun coilean an neach-dreuchd dleastanasan no uallaichean sam bith a thathar gu

reusanta a' meas mar phàirt de dh'obair agus de dhleastanasan na dreuchd.

1. Co-obrachadh le coimhearsnachdan a tha a' cruthachadh phlanaichean Gàidhlig saor-thoileach agus coimhearsnachd.
2. A' riaghladh pròiseas measaidh a' phlana ionadail.
3. Ag aithris air adhartas le planadh leasachaidh coimhearsnachd.
4. Com-pàirteachadh le prìomh luchd-ùidh, ionadail agus nàiseanta, ann an leasachadh na Gàidhlig aig ìre na coimhearsnachd.
5. A' stiùireadh cruthachadh co-ionadan bailteil agus dùthchail airson cleachdadh na Gàidhlig às leth Bòrd na Gàidhlig agus ann an co-obrachadh le com-pàirtichean ionadail.
6. A' solarachadh sheirbheisean tro phròiseasan aontaichte gus na prìomh phròiseactan ann am plana gnìomh bliadhna a' Bhùird a thoirt air adhart.
7. A' cur ri pannailean measaidh a tha a' beachdachadh air iarrtasan maoinachaidh.
8. A' cur ri libhrigeadh nan amasan ro-innleachdail mar a tha air am mìneachadh ann an Plana Corporra Bhòrd na Gàidhlig.
9. Dleastanasan sam bith eile a thathar a' meas gu reusanta mar phàirt de dh'adhbhar agus de dhleastanas na dreuchd.

Comasan, Eòlas is Teisteanasan

Tha na leanas **riatanach** airson tagraichean a tha a' cur a-steach airson na dreuchd seo:

<ul style="list-style-type: none">• Eòlas air conaltradh com-pàirteachadh coimhearsnachd agus libhrigeadh phròiseactan air an stiùireadh leis a' choimhearsnachd agus air a bhith a' sgrùdadh buaidh.
<ul style="list-style-type: none">• Comas dàimhean a thogail le farsaingeachd de luchd-ùidh gus dèanamh cinnteach gu bheil prìomhachasan, builean agus gnìomhan air an libhrigeadh gu h-èifeachdach agus gu co-obrachail.
<ul style="list-style-type: none">• Sgilean stiùiridh pròiseict a' gabhail a-steach a bhith a' stiùireadh raon de phròiseactan aig an aon àm le cinn-ama teann.
<ul style="list-style-type: none">• Smaoineachadh breithneachail, comas mion-sgrùdadh a dhèanamh air dàta agus comas prìomh fhiosrachadh a thoirt seachad gu sgiobalta agus ann an dòigh ruigsinneach.
<ul style="list-style-type: none">• Eòlas ann a bhith a' fastadh agus a' stiùireadh chunnradairean gus na builean a thathar ag iarraidh a choileanadh taobh a-staigh bhuidseit agus a rèir a' chlàir-ama.
<ul style="list-style-type: none">• Comas sgioba a chumhachdachadh agus a chomasachadh.
<ul style="list-style-type: none">• Comas buaidh a thoirt air beachdan mhanaidsearan agus cheannardan.
<ul style="list-style-type: none">• Sgilean eagrachaidh math.
<ul style="list-style-type: none">• Comasach air fèin-stiùireadh gus na toraidhean agus na builean riatanach a libhrigeadh.

<ul style="list-style-type: none"> Foghlam gu co-dhiù SCQF ìre 10 (Ceum le Urram). 	
<ul style="list-style-type: none"> Teisteanas iomchaidh ann an cuspair iomchaidh agus/no co-dhiù trì bliadhna de dh'èolas iomchaidh ag obair ann an raon co-cheangailte. 	
<ul style="list-style-type: none"> Fileanta an dà chuid ann an Gàidhlig agus Beurla 	
<ul style="list-style-type: none"> Comas siubhal air feadh na h-Alba 	
<ul style="list-style-type: none"> Làn chead dràibhidh na Rìoghachd Aonaichte 	

Tha na leanas *ion-mhiannaichte* airson tagraichean a tha a' cur a-steach airson na dreuchd seo:

<ul style="list-style-type: none"> Eòlas air planadh cànan airson Gàidhlig na h-Alba agus sgilean follaiseach ann a bhith a' leasachadh agus a' cur an gnìomh ro-innleachdan gus an cànan a neartachadh.
<ul style="list-style-type: none"> Eòlas air agus comas ann am prìomh dhòighean conaltraidh a' gabhail a-steach nam meadhanan sòisealta

Fiosrachadh eile

A bheil dleasan stiùireadh ann:	Tha
Tuarastal:	B3: FTE £45,449 - £54,419 (pro-rata)
Sochirean:	Bidh luchd-obrach le cùmhnant maireannach, no cùmhnant sealach a mhaireas 3 mìosan no nas fhaide, nam buill de Mhaoin Peinnsein Comhairle na Gàidhealtachd, mura dèan iad iarrtas gus tarraing a-mach. http://www.highlandpensionfund.org
<p>Bu chòir do thagraichean airson na dreuchd seo a thoirt fa-near:</p> <ul style="list-style-type: none"> Feumaidh an dreuchd seo sgrùdadh Foillseachadh Alba (Disclosure Scotland). Bidh agaibh ri siubhal mar phàirt den obair seo, a' gabhail a-steach oidheannan air falbh bhon dachaigh corra uair. 	
<p>Seo tuairisgeul air an obair mar a tha i an-dràsta. Tha e na chleachdadh àbhaisteach ath-sgrùdadh a dhèanamh air tuairisgeulan obrach bho àm gu àm gus dèanamh cinnteach gu bheil iad buntainneach dhan obair a thathar a' dèanamh aig an àm sin, agus gus dèanamh cinnteach gu bheil e a' gabhail a-steach atharrachadh sam bith a tha air tachairt no a thathar a' moladh.</p>	